

**Aithisg air Trèanadh airson nam meadhanan Gàidhlig**

**do MG ALBA**

**Magaidh Choineagan**

**An Gearran 2010**

## **Molaidhean**

**Bu chòir an diploma oideachadh meadhan aig an t-Sabhal Mhòr cumail a' dol agus a bhith air a mhaoineachadh anns an dòigh àbhaisteach airson fòghlam aig àrd ìre.**

**Bu chòir an Sabhal Mòr obrachadh nas dlùithe ri colaistean is oilthighean eile: m.e. Oilthigh Napier Dhùn Èideann; Oilthigh Taobh Siar Alba is an RSAMD airson farsaingeachd a thoirt do dh'ionnsachadh nan oileanach.**

**Feumar uidheamachd a dhealbh airson ìre fileantachd na Gàidhlig a thogail am measg luchd-meadhan agus am measg feadhainn eile tha 'g obair ann an suidhichidhean far a bheil feum air Gàidhlig – m.e. luchd-teagasg; luchd-eadar-theangachadh agus luchd-obrach eile anns an roinn phoblaich.**

**Bu chòir MG ALBA, am BBC agus buidhnean eile barrachd taic a thoirt do luchd-obrach anns na meadhanan a bhith a' frithealadh bhùthan-obrach is eile a th 'air an stiùireadh le daoine a tha aig àrd ìre ann an obair mheadhan.**

**Bu chòir MG ALBA a bhith a' brosnachadh nan companaidhean neo-eisimeileach a bhith a' lorg chothroman air feadh a' ghnìomhachais airson tèarainteachd a chur ri na companaidhean is an cois sin ri obraichean.**

**Bu chòir MG ALBA taic a chur ris a' chùrsa air didseatach cruthachail meadhanan a tha gu bhith air a ruith le Sgoil MhicNeacail am bliadhna is dòchas gun tèid a sgaoileadh gu na h-àrd-sgoiltean Gàidhlig air fad an dèidh sin.**

## **Leirmheas**

Feumaidh MG ALBA agus am BBC dèanamh cinnteach gu bheil na cothroman cleachdaidh telebhisean is radio cho tlachdmhor is cho feumail is a ghabhas dhan an luchd-èisteachd is aig an aon àm, dèanamh cinnteach gu bheil an luchd-obrach a tha sàs ann am prògraman cho sgileil is cho eòlach is a ghabhas.

Tha e cudromach dhan ghnìomhachas air feadh Alba gu bheil a' togail air sgilean is eòlas fad na h-ùine is 'sann anns an t-seadh sin a bu chòir coimhead air sgilean a thaobh phrògraman Gàidhlig. Dh'fhaodadh argumaid a dhèanamh gum bu chòir luchd-obrach anns na meadhanan obrachadh an dà chuid ann an Gàidhlig agus ann am Beurla airson dèanamh cinnteach gu bheil ùrachadh is tuilleadh-eòlais dha chur ri prògraman Gàidhlig. Bu chòir cuideachd taic a chur ri cùrsaichean anns an àrd-sgoil a tha a' togail sgilean anns na meadhanan, oir tha h-uile coltas gu bheil na sgilean sin deatamach ann a bhith a' togail misneachd ann an cleachdadh cànan. 'Se an t-amas a bu chòir a bhith ro MG ALBA gu bheil luchd-ciùird is luchd-amhairc ann a tha, le chèile, misneachail is eirmseach ann a bhith ag obair agus a' cleachdadh BBC ALBA is na meadhanan Gàidhlig eile.

Mar a tha riochdachadh telebhisean air a shnìomh nas dlùithe ri obraichean eile anns a' ghnìomhachas, chan eil coltas gum faigh mòran luchd-obrach obair beatha ann an aon chompanaidh agus tha ceist ann an e sin an dòigh as fheàrr togail air sgilean gu àrd ìre. Tha coltas gum bi na daoine as sgileil an sàs anns na pròiseactan a bhitheas doirbh a làimhseachadh is a bheir mòr thlachd dhaibh fhèin. Bidh iad sin ag obair air feadh chompanaidhean agus am measg chothroman riochdachaidh. Tha e cuideachd cudromach gun cumar a' beathachadh luchd obrach ùra a-steach dhan ghnìomhachas, is feumar dèanamh cinnteach gu bheil cothroman ann sin a dhèanamh.

'Se an uireasbhaidh as motha a th' air a' ghnìomhachas an-dràsta cho beag is a th' ann do luchd-obrach le àrd sgil agus misneachd anns a' chànan. Chan eil sgilean libhrigidh Gàidhlig anns a' chumantas cho math is a bu chòir is tha sin fìor air beulaibh a' chamara is ann an sgilean riochdachaidh leithid rannsachadh is stiùireadh.

Chan eil an aon ghainnead anns na sgilean ceàird leithid camara, fuaim is solais agus cha bu chòir cus dragh a ghabhail dha sin aig an ìre seo, ach a-mhàin ann an obair naidheachd is cuid de phrògraman aithriseach, far a bheil feum air sgilean losgaidh is gearraidh airson seirbheis chothromach a bhuileachadh far a bheil airgid gann.

## **Luchd-obrach le Gàidhlig anns gach dreuchd**

Ged a bhiodh e math Gàidhlig a bhith aig a h-uile duine tha sàs ann a bhith a' dèanamh phrògraman telebhisean, chan eil muinntir a' ghnìomhachais den bheachd gu bheil sin bunaiteach aig an ìre seo. Chan eil e bunaiteach gu bheil Gàidhlig aig an luchd-obrach a tha sàs anns na sgilean ceàird leithid losgadh, gearradh, stiùireadh iomadh-chamara is fuaim. Gu

dearbh tha argumaid ann nan cumadh tu na h-obraichean ciùird sin dìreach ri daoine aig a bheil Gàidhlig, nach fhaigheadh an luchd-amhairc an tlachd a bu chòir às na prògraman neo gum biodh na prògraman aig an ìre riochdachaidh a bu chòir.

A dh'aindeoin sin, tha e cudromach gun tèid daoine le Gàidhlig a mhisneachadh airson a dhol a sàs anns gach dreuchd air feadh a' ghnìomhachais. Mar a chaidh a mhìneachadh mar-thà, bu chòir do luchd-riochdachaidh is ciùird a bhrosnachadh airson a bhith ag obair air feadh a' ghnìomhachais agus a bhith a' cumail ag ionnsachadh is a' togail sgilean a ghabhas cleachdadh gu tlachd an luchd-amhairc. 'Se an t-amas a bu chòir a bhith ann gun tog luchd-bruidhinn na Gàidhlig a h-uile sgil is ionnsachadh a th' anns a' ghnìomhachas is gu bheil na sgilean aca co-ionnan ri na sgilean as fheàrr anns a' ghnìomhachas, a togail cliù gu nàiseanta is gu eadar-nàiseanta. Bheireadh iad na sgilean seo chun nam pròiseactan is prògraman Gàidhlig anns am bi iad an sàs. Bhitheadh e cuideachd a' toirt cothrom do dhaoine a tha a' tighinn a-steach dhan ghnìomhachas obair fhaighinn agus adhartas a dhèanamh.

### **Ionadan trèanaidh**

Tha dà chùrsa a tha a' tabhainn Gàidhlig agus na meadhanan, aon gu ìre ceum is aon gu ìre diploma agus tha iad le chèile stèidhichte aig Sabhal Mòr Ostaig, a' cholaiste Ghàidhlig. Tha an Ceum ann an Gàidhlig is na Meadhanan air a mhaoineachadh anns an dòigh àbhaisteach troimh Comhairle Mhaoineachaidh na h-Alba fhad 's a tha an Diploma anns an Meadhanan Gàidhlig air a bhith ga mhaoineachadh chun an-uiridh à diofar sporanan, nam measg MG ALBA. Tha Colaiste Chaisteal Leòdhais cuideachd a' dèanamh ceum ann an Gàidhlig is Cultar, a tha a' gabhail a-steach nam meadhanan. Tha mòran chùrsaichean Gàidhlig fo-cheum aig Oilthighean Ghlaschu, Obar Dheathain agus Dhùn Èideann fhad 's a tha mòran chùrsaichean a' buntainn ri telebhisean, fiolm, na gnìomhachasan cruthachail agus obair naidheachd air am buileachadh troimh iomadh ionad foghlam aig àrd ìre.

### **Co-obrachadh ann a bhith a' tabhainn trèanadh anns na Meadhanan troimh Gàidhlig.**

Tha moladh gum bu chòir SMO cumail a' tabhainn diploma anns na meadhanan troimh Ghàidhlig. Bu chòir an diploma a bhith farsainn agus a' bualadh air gach roinn – obair naidheachd troimh gach meadhan agus cuideachd obair rèidio, bhideo agus an eadar-lìon. Bu chòir cuideachd gum faigheadh oileanaich cothrom sgil a thogail ann a bhith a' losgadh is a' gearradh dhealbh.

Bu chòir gum bitheadh cothrom aig na h-oileanaich sia mìosan a chur seachad anns a' ghnìomhachas. Mura bi cothrom aig oileanaich obrachadh ann an companaidh a tha ag obair troimh Ghàidhlig neo aig roinn Gàidhlig a' BhBC, feumaidh luchd-teagaisg SMO dèanamh cinnteach gu bheil na sgilean cànan aca gan leasachadh an cois nan sgilean gnìomhachais.

Bu chòir dhan a' Cholaiste cò-obrachadh còmhla ri colaistean eile airson an cothrom is an tionnsachadh as fheàrr a thoirt dha na h-oileanaich agus cuideachd cothrom a bhith an lùib oileanach eile a tha gan oideachadh anns a' ghnìomhachas troimh Bheurla.

Tha sgioba na Colaiste air tòiseachadh a' còmhradh ri oilthighean leithid Taobh Siar Alba, Acadamaidh Rìoghail Ceòl is Dràma agus Oilthigh Napier Dhùn Èideann.

Chan eil teagamh nach ann troimh SMO a bu chòir obair aig àrd ìre a dhèanamh air leasachadh cànan a thaobh còmhraidh, sgrìobhadh is leughadh. Bu chòir togail air an obair a tha a' Cholaiste air a dhèanamh anns na deachadan a chaidh seachad. Feumar a-nis dòigh fhaighinn air a' bheàrn a th' anns na coimhearsnachdan Gàidhlig a thaobh loinn is beartas cànan a lìonadh agus bu chòir seo a bhith an urra ri SMO.

Tha trom fheum air sgilean cànan aig àrd ìre. Tha seo air aithneachadh le Bòrd na Gàidhlig agus bho chionn ghoirid le Ministear an Fhoghlaim is Ionnsachadh Fad Beatha. Dh'fhaoidte gu bheil trioblaid politigeach ann a bhith a' soillearachadh seo, ach feumar dèiligeadh ris anns a' gheàrr-ama ma tha Bòrd na Gàidhlig a' dol a cho-lìonadh an targaidean agus ma tha a bhith a' cleachdadh telebhisean is rèidio gu bhith na thlachd anns an àm ri teachd do luchd-bruidhinn na Gàidhlig.

Chan ann a-mhàin anns na meadhanan a tha an uireasbhaidh seo. Tha feum air sgilean cànan a thogail ann an obraichean proifeiseanta eile leithid teagasg, obair poileasaidh, eadar-theangachadh agus le poileasaidhean Gàidhlig rin co-lìonadh anns an roinn phoblaich, cuideachd, ann an seirbheis na slàinte is obraichean eile.

Bu chòir do SMO cùrsaichean a dhealbh airson sgil cànan aig àrd ìre an dà chuid ann an còmhradh agus sgrìobhadh airson beartas cànan a ghleidheadh agus a leasachadh. Feumar cuideachd na cùrsaichean a dhealbhadh airson maoinachadh a chosnadh bhon SFC is buidhnean leithid sin. Bu chòir gum bi na cùrsaichean feumail do gach seirbheis air a bheil dìth. Bidh aonadan eadar-dhealaichte an cois a' chùrsa a rèir feumalachd, ach bu chòir gum bi cnàmh-druime ann a bhithas freagarrach do gach dreuchd agus air a dhealbh airson cothrom a thoirt do phroifeasantaich cur ri sgilean cànan aig àm sam bith nam beatha obrach. Bu choir aonadan sònraichte a stèidheachadh dha na meadhanan Gàidhlig: nam measg rannsachadh is sgrìobhadh do thelebhisean, rèidio agus an eadar-lìon agus lìbhrigeadh do thelebhisean, rèidio agus an eadar-lìon.

### **Dòighean airson trèanadh a chumail ri obair riochdachaidh ann an Gàidhlig**

Tha coltas gu bheil iomadach dòigh ann airson trèanadh a chumail ris a' ghnìomhachas is cuideachd nach e aon chùrsa neo aonad a chumas ri sgilean ceàird agus riochdachaidh.

Ged a tha cuid de dh'obair stiùiridh, losgaidh agus gearraidh air an ceangal, tha fhathast cuid de sgilean a dh'fheumas seasamh leotha fhèin airson dèanamh cinnteach gu bheil a' toirt

an t-seirbheis as fheàrr don luchd-cleachdaidh. Tha sgilean sònraichte an cois obair riochdachaidh is obair naidheachd agus chan eil coltas gun gabhadh gach sgil a bhuileachadh troimh aon chùrsa gu àrd ìre agus chan eil dearbhadh gum bitheadh an cothrom ionnsachaidh as fheàrr aig na oileanaich an dèidh dhaibh diploma a chosnadh mar a thathar a’ moladh nas tràithe san aithisg.

Bu chòir MG ALBA cumail a’ cur taic is a’ toirt buaidh air an t-seòrsa trèanadh a thèid a bhuileachadh agus obrachadh còmhla ri buidhnean eile gus cùrsaichean goirid aig àrd ìre a thabhann dhaibhsan a tha mar-thà an sàs anns a’ ghnìomhachas airson am brosnachadh gus cur ri an sgilean meadhan agus, a cheart cho cudromach, ri sgilean cànan aig àrd ìre cuideachd. Bu chòir iad sin a thabhann mar chùrsaichean goirid, seminar neo “master-classes” is na daoine a th’ aig an ìre as àirde nan dreuchdan anns an dùthaich seo is ann an Èirinn a thàladh airson iad sin a ruith. ’S docha gu bheil cothrom ann ionad leithid Fàs a chleachdadh airson a leithid seo – an dà chuid na seòmraichean riochdachaidh is an uidheamachd meadhan. Ghabhadh togail air an obair a chaidh a dhèanamh gu ruige seo le bùthan obrach FilmG. Dh’fhaodar obair a dhèanamh air format airson cur-seachad, sgrìobhadh airson screen, comadaidh, sgeulachdan aig àrd ìre –iomadach rud – is bu chòir trì neo ceithir dhuibh sin a chumail gach bliadhna.

### **Eòlas air na meadhanan anns na sgoiltean**

Tha dearbhadh gu bheil a bhith ag obrachadh le sgilean meadhan a’ togail misneachd chloinne annta fhèin is nan cànan. Le bhith ag ionnsachadh sgilean cruthachail troimh na meadhanan, tha cothrom air leth ann an ath ghinealach do luchd-obrach anns na meadhanan a bhrosnachadh agus, nas cudromaiche, misneachd air leth a thoirt dhan ath ghinealach do luchd-còmhraidh na Gàidhlig.

Tha cùrsa cruthachail didseatach anns na meadhanan gu bhith ga thabhann ann an sgoil MhicNeacail air an ath bhliadhna (2010/2011). Tha coltas gu bheil ùidh aig sgoiltean Phortrigh agus Lochabar iad fhèin anns a’ chùrsa, is dh’fhaoidte gum bu chòir na h-àrd sgoiltean Gàidhlig air fad a chleachdadh rè ùine.

Chaidh an cùrsa a dhealbhadh leis an sgioba ann an Comhairle nan Eilean a tha a’ cur taic ris a’ churriculum. Tha iad air cùrsaichean a ruith ceangailte ri obair gnìomhachais eile leithid breabadaireachd, togail agus aoigheachd. Tha iad ag ràdh gu bheil iad air mòran taic fhaighinn bho na gnìomhachasan sin chun a seo ach nach eil an aon ùidh neo taic a’ tighinn bho gnìomhachas nam meadhanan.

Tha cothrom dha rìreabh a dhol a sàs anns an obair seo an darna cuid troimh thuilleadh leasachaidh air FilmG neo ann a bhith a’ toirt cothrom dha na sgoilearan cluinntinn bho dhaoine a tha ag obair aig àrd ìre anns a’ ghnìomhachas. Bheireadh seo misneachd dhan òigridh an dà chuid ùidh a ghabhail ann an dreuchd anns na meadhanan agus cuideachd, rud a tha nas cudromaiche, an comas cànan a thoirt gu àrd ìre.

## **A togail air a' ghnìomhachas**

Ma tha an gnìomhachas gu bhith tèarainte feumar cothroman a lorg airson leudachadh is leasachadh. Tha e cudromach do MG ALBA, agus dha na buidhnean trèanaidh is leasachaidh, gun togar misneachd am measg nan companaidhean neo-eisimeileach cosnadh a thoirt às a' ghnìomhachas anns an fharsaingeachd, gu nàiseanta is gu eadar-nàiseanta. Tha a' mhòr chuid dhe na companaidhean a tha a' toirt obair do dhaoine le Gàidhlig gu mòr an eisimeil co-dhùnaidhean choimiseanaidh MG ALBA is am BBC airson am beò-shlàint'.

Tha seo a' ciallachadh nach eil cothroman cho mòr is a dh'fhaodadh a bhith ann do luchd-obrach sgilean is cothroman obrach eadar-dhealaichte fhaighinn. Cha tig an seòrsa piseach a tha dhìth ma tha na companaidhean an eisimeil MG ALBA is roinn Gàidhlig a' BhBC airson an cosnadh air fad. Cha bhi cothrom ann do dhaoine adhartas a dhèanamh nan dreuchdan neo idir do dhaoine ùra cothrom fhaighinn air a' ghnìomhachas.

Bu chòir companaidhean agus an fheadhainn a tha ag obair air an ceann fhèin a bhith air am brosnachadh gach cothrom a ghabhail anns an roinn phoblaich is phrìobhaideach gus sgilean, eòlas is comas a neartachadh; a' cur ri cothroman cosnadh anns na sgìrean as laige air taobh siar na Gaidhealtachd is na h-eileanan. An cois sin thig deagh àireamh de luchd-meadhan a bhitheas air leth eòlach is sgileil a chumas bhideo agus programan prìseil is tlachdmhor ris an luchd-amhairc anns na làithean a tha ri teachd.